

Lìn-bheachdan airson Saidheans:

Inneal-taic airson saidheans a chur an lùib cuspair

Dè th' ann?

Chaidh na lìn a dhealbhadh mar inneal a chuidicheas le planadh cuspair, agus gus beachdachadh air mar a tha saidheans an lùib a' chuspair.

Tha lìn gach cuspair air a dhealbhadh gus sùil a thoirt air mar a ghabhas saidheans a cheangal ri cuspair, agus an obair a ghabhas a dhèanamh còmhla ris a' chlas. Chan eil planaichean leasain mionaideach ann.

Mar as trice, tha trì no ceithir a 'bheachdan' ann do gach aois airson gach raon saidheans (ceirnigeachd, fiosaigs, bith-eòlas).

Carson a tha gach earrann?

Tha na h-earrannan a leanas anns gach lìn:

Bàr tiotal

An aois dha bheil na beachdan freagarrach



Na Lochlannaich – Lìon-bheachdan airson Saidheans:

Aois: 5-7 bliadhna

A' cur rudan beò ann am buidhean

Bhiodh na Lochlannaich a' malairt bian bho dhiofar mhamalan mar feidh, madadh-eòlach agus sionnach airson sìoda. Tha sìoda a' tighinn bho leòman-shìoda, a tha nam biastagan.

① An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh a tha a' sealltainn cò ris a tha mamalan agus biastagan coltach? ② An smaoineach thu air seòrsaichean eile de bheathaichean (me, damhachan-allaidh)?

③ An urrainn dhut na seòrsaichean eile a chur ann am buidhean de bheathaichean a tha coltach ri chèile? ④ An urrainn dhut a ràdh Carson a chuir thu còmhla iad?

Beathachadh – ag ithe biadh ceart

Bhiodh na Lochlannaich ag ithe diofar rudan tron bhliadhna oir bidh lusas a' fàs aig diofar amannan sa bhliadhna. Mar eisimpleir 's ann dìreach as t-fhoghar a bhios mòran mheasan rim faighinn, ach gabhadh glasaich ithe as t-earrach agus as t-samhradh cuideachd.

⑤ An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh a' sealltainn dè na biadhan ùra a tha rim faighinn anns gach ràith? ⑥ An urrainn dhuinn clàr-bidh fallain a dhèanamh airson cuimh shamhradh?

Fuaimnean agus cò às a tha iad a' tighinn

Bhiodh na Lochlannaich a' cleachdadh com-adharc gè – gus ràibhadh a thoirt, mar 'Tha an dinnear dèiseil' po 'Tha nàimhdean a' toirt ionnsaigh! Bhiodh iad cuideachd a' deàlaimh ceòl le drumaichean de sheiche, fideagan cruinnhe agus innealan-ciùil eile.

⑦ Faodaidh sinn fuaimnean a dhèanamh le innealan-ciùil. De eile as urrainn dhuinn a' cleachdadh gus fuaimnean a dhèanamh? ⑧ An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh le diofar dhòighean san dèan sinn fuaim, me a' buaidh, no a' seòladh? ⑨ De na rudan a tha a' dèanamh nam fuaimnean as motha agus as lugha?

Deasachaidhe le:



Arainnean agus an àrainneachd

Bhiodh na Lochlannaich a' malairt bian bho fhèidh, madadh-eòlach agus sionnach ri daoine sna Dùthchannan Meadhan-thìreach airson sìoda agus nithean eile. Bidh beathaichean mar feidh beò fada gu tuath agus anns an Artaig.

⑩ An urrainn dhuinn faighinn a-mach cò ris a tha an àrainneachd san Artaig coltach an coimeas ris na Meadhan-thìreach? ⑪ Saoil Carson a tha bian nas tìghe agus nas bulge air beathaichean san Artaig na tha e air beathaichean sna Meadhan-thìreach? ⑫ An smaoineach thu air diofar eile eadar beathaichean san Artaig agus sna Meadhan-thìreach?

Atharraichean ann an stuthan

Bhiodh gobha Lochlannach a' dèanamh rudan à iarann. Tha iarann a' foiseachadh na chloich a tha air a leaghadh le teine. An uair sin, tha an t-iarann air a bhuaidh le òrd gus rudan a dhèanamh, mar eisimpleir, crudha-eich, sgian no tuagh.

⑬ Faodaidh sinn òrd a chleachdadh gus cruth cuid de stuthan cruidh atharrachadh. Chan atharraich stuthan eile an cruth, bidh iad dìreach a' dol nam buidhean. An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh a tha a' sealltainn dè tha a' tachairt nuair a bhuailas sinn diofar stuthan le òrd? ⑭ An smaoineach thu air dòighean eile air cruth stuth atharrachadh, a bharraich air a bhith ga bhuaidh le òrd?

Ag aithneachadh stuthan àbhaisteach agus gan cur ann am buidhean

Bhiodh na Lochlannaich a' cleachdadh diofar stuthan gus rudan a dhèanamh, me: bhrìnnas a' fiodh, buinn-airgid a' airgead, cupannan a' adharc, buill-airm agus deiseachan-airm a' iarann, stutha-aodaich agus aodach a' clòimh agus lìon (anart).

⑯ An urrainn dhuinn stuthan eile a lorg a bhiodh na Lochlannaich a' cleachdadh 's a tha sinn fhathast a' cleachdadh an-diugh? ⑰ A bheil na stuthan sin gan cleachdadh airson na h-aon rudan a dhèanamh an-diugh no rudan 'dìofraichte'?

A' dèanamh sgaradh eadar nì agus an stuth às a bheil e air a dhèanamh

Bha fios aig na Lochlannaich dè na stuthan a b' fheàrr airson diofar rudan a dhèanamh: bha bàtaichean air an dèanamh a' fiodh oir bidh fiodh a' seòladh; claidheamhan a' iarann leis gu bheil e cruaidh agus gabhadh a' ghearrachadh; aodach a' clòimh leis gu bheil i blàth.

⑱ An urrainn dhuinn clàr a dhèanamh de nithean àbhaisteach a chleachd na Lochlannaich agus faighinn a-mach cò às a bha iad air an dèanamh? ⑲ An urrainn dhuinn coimeas a dhèanamh eadar stuthan a chleachd na Lochlannaich agus stuthan a bhios sinn a' cleachdadh an-diugh gus rudan a dhèanamh?



Air a sgrìobhadh le: Terry Harvey-Chadwick, SV
Educational Services
A' Gluaidh le: Siobhann Nisenton na Gàidhlig



BITH-EÒLAS

CEIMIGEACHD

FIOSAIGS

Putadh agus tarraing

Nuair a bhiodh Lochlannaich a' sìubhal tarsainn a' chlainn ann am bìrlinn, bhiodh a' ghaoth a' lìonadh an t-siùil agus a' putadh a' bhàta. Mura biodh gaoth ann, bhiodh na Lochlannaich a' tarraing air raimh gus am bàta a ghluasad.

⑳ De na nithean eile as urrainn dhuinn a ghluasad le putadh agus tarraing? ㉑ Bidh putadh agus tarraing a' toirt air rudan gluasad. Dè eile as urrainn putadh agus tarraing a dhèanamh?

Atharrachadh ràitheil

Fada tuath ann an Nìmhbidh, os cionn Cearcall na h-Artaig, tha e an-còmhnaidh soilleir (latha) as t-samhradh agus tha e an-còmhnaidh dorcha (oidhche) sa gheamhradh. San Dannmhairg, tha na ràithean nas coltaiche ri Breatainn, le oidhchean nas fada sa gheamhradh agus lathaichean fada as t-samhradh.

㉒ Ciamar a tha an t-side ann am Breatainn dìofraichte as t-samhradh agus sa gheamhradh? ㉓ Saoil cò ris a bhios an t-side coltach sa gheamhradh ann an ceann a tuath Nìmhbidh? ㉔ Bhiodh na Lochlannaich a' sìubhal cho fada ris a' Mhuir Mheadhan-thìreach. Saoil dè na diofar an bhiodh an t-side nuair a bhiodh iad a' sìubhal gu deas?

Am beachd saidheans a sheallas:

An raon ionnsachaidh, an co-theacsa, na ceistean do chlànn

Ciamar a chleachdas mi e?

Chan eil dòigh cheart no dòigh cheàrr air na lìn a chleachdadh. Bidh sin an crochadh air na dòighean sam bi an sgoil a' dèanamh teagasg stèidhichte air cuspair.

Tha sinn a' moladh nan dòighean a leanas gus na lìn a chleachdadh:

1: Ga do chuideachadh a' taghadh an t-saidheans a thèid a theagasg le dòigh stèidhichte air cuspair

Ma thig thu gu na lìn saidheans agus cuspair sònraichte air d' aire, seallaidh na lìn iomadh raon saidheans ris am faod thu ceangal a dhèanamh. Bidh an uair sin cothrom agus sùbailteachd agad an raon saidheans as iomchaidhe a theagasg anns gach cuspair, stèidhichte air co-cheangal ri co-theacsa.

2: Gus do chuideachadh a' dèanamh co-cheangal ma tha fios agad dè an saidheans agus an cuspair a tha thu a' dol a theagasg

Ma thig thu gu na lìn saidheans agus cuspair sònraichte air d' aire, agus tuisge agad air an t-saidheans a bhios tu a' teagasg, 's dòcha gun seall na lìn ceangal a dh'fhaodadh tu a dhèanamh ri co-theacsa. Mar eisimpleir, mas e Na Ròmanaich an cuspair a th' agad agus dùil agad mu thràth saidheans solais a dhèanamh, tha dà roghainn ann an lìon 5-7. Ach, mura h-urrainn dhut beachd a lorg a tha a' freagairt air a' chuspair no air an raon saidheans, na dèan ceangal nach eil ann.

Ge bith ciamar a thig thu chun nan lìn, tha sinn a' moladh gun cleachd thu na beachdan mar dhubhan no mar acair ann an cuspair.

Le dubhan no acair tha sinn a' ciallachadh gu bheil am beachd air a chleachdadh gus an saidheans a cheangal ris a' chuspair ann an dòigh chiallach. Tron leasan, nuair a chì clann an co-cheangal airson a' chiad uair, bidh iad a' fiosrachadh co-theacsa ciallach airson ionnsachadh saidheans. Le bhith a' togail leasan eile timcheall air a' bheachd, a dh'fhaodadh a bhith nan leasan saidheans air leth, faodaidh tu dèanamh cinnteach gu bheil an clas a' dèanamh adhartas ann an tuisge, ceasnachadh agus eòlas air susbaint ann an saidheans.

Lìn-bheachdan airson Saidheans:

Inneal-taic airson saidheans a chur an lùib cuspair

Ciamar a nì mi plana leasain timcheall air a' bheachd?

Tha trì prìomh àiteachan far am biodh tu a' sùileachadh beachd bhon lìon a chur ann an sreath leasan.

1. Aig an toiseach

Bidh thu a' cleachdadh a' bheachd saidheans bhon lìon mar thoiseach tòiseachaidh do raon saidheans ùr sa chuspair – 's dòcha fiù 's mar thoiseach tòiseachaidh don chuspair fhèin. Sa bhad bheir an co-cheangal gu aire na cloinne gu bheil an saidheans a tha iad a' dol a dhèanamh a' buntainn ris a' chuspair a bhios iad a' rannsachadh, ged a bhiodh e air leth às dèidh a' chiad leasain.



(Tha am beachd a' nochdadh san leasan uaine. 'S e leasan saidheans air leth a bheir adhartas ann an aonad, no leasan le beagan co-theacsa, a tha sna leasan eile gu lèir [buidhe].)

2. Sa mheadhan


Bidh thu a' cleachdadh a' bheachd saidheans bhon lìon airson sealltainn mar a tha cuid den t-saidheans a rinn sibh sna seachdainean mu dheireadh a' buntainn ris a' chuspair. San dòigh sin, tuigidh a' chlànn cho cudromach/buntainneach 's a tha an saidheans a bha iad a' dèanamh, agus dh'fhaodadh gum faic iad an ceangal. Às dèidh dhut am beachd a chleachdadh, faodaidh tu leasan saidheans a chur dhan cho-theacsa sin, ged a bhiodh iad nan leasan air leth.



(Tha am beachd a' nochdadh san leasan uaine. 'S e leasan saidheans air leth a bheir adhartas ann an aonad, no leasan le beagan co-theacsa, a tha sna leasan eile gu lèir [buidhe].)

3. Aig an deireadh

Faodaidh tu am beachd saidheans bhon lìon a chleachdadh gus crìoch a chur air raon saidheans. Leigidh seo leat foillseachadh dràmach a dhèanamh air mar a tha an saidheans a bha sibh a' dèanamh co-cheangailte ris a' chuspair. Mar seo, tuigidh a' chlànn cuideachd cho cudromach/buntainneach 's a tha an saidheans a bha iad a' dèanamh, agus dh'fhaodadh gum faic iad an ceangal.



(Tha am beachd a' nochdadh san leasan uaine – tha na leasan rona sin nan leasan saidheans air leth.)

Tha sinn cuideachd a' dèanamh nam molaidhean bunaiteach seo:

- Mura bheil thu airson beachd a chleachdadh mar bhunait do leasan slàn, cleachd e mar cheangal airson toiseach tòiseachaidh, airson seisean còmhla aig deireadh an leasain, no airson obair-dachaigh.** Tha seo math airson cho-cheangalan 's dòcha a chòrdadh ris a' chlas, ach nach eil san t-saidheans a tha sibh a' dèanamh. Mar eisimpleir, ma tha thu a' teagasg mu lusan fhad 's a tha thu a' teagasg mu na Ròmanaich, dh'fhaodadh tu ceangal ri atharrachadh ràitheil a dhèanamh mar ghnìomh tòiseachaidh airson cuspair, no mar obair-dachaigh. Faodaidh seo cuideachd taic a chur ri measaidhean air obair saidheans na bu thràithe. M.e., ma theagaisg thu mu na ràithean ag atharrachadh ann an cuspair roimhe agus tha gu bheil thu airson a chleachdadh ann an co-theacsa mar chothrom air measadh.
- Chan eil na lìn air an dealbh gus an saidheans gu lèir a thoirt dhut airson cuspair. Mura biodh tu a' teagasg ach na beachdan air lìon, cha bhiodh adhartas ann am bun-bheachdan saidheansail thairis air an ùine a bhiodh an cuspair air a theagasg. Le sin, na tagh ach aon bheachd no a dhà gus cumadh a chur air an t-susbaint saidheans, agus a cheangal ris a' chuspair ann an dòigh chiallach. **Le bhith a' taghadh àireamh bheag de ghnìomhan a' buntainn ris a' chuspair saidheans a tha thu a' dèanamh an-dràsta agus ris a' chuspair, thèid agad air ceanglaichean feumail tar-churraicealam a dhèanamh.**
- Cha toir na lìn dhut na dh'fhaodadh a bhith ann de bheachdan.** Tha e ceart gu leòr na lìn a chleachdadh mar thoiseach tòiseachaidh airson do bheachdan fhèin, agus an uair sin an structar a chleachdadh gus taic a chur ri beachdan math eile nach do chòmhdaich sinne, air neo gus cuspair a dhealbhadh far nach eil lìon an-dràsta.
- Tha na buidhnean-aoise san lìon chuspairean nan tuairmse a-mhàin air far am freagair na gnìomhan saidheans. **Feumaidh tu fhèin breithneachadh a dhèanamh air far am b' fheàrr a fhreagradh na gnìomhan ann an curraicealam na sgoile.** Chan eil adhbhar carson nach fhaodadh tu na ceistean bho bhuidheann-aoise eile a chleachdadh ma tha iad a' freagairt air a' chuspair a tha thu a' teagasg, agus ma tha iad a' freagairt air na sgoilearan agad.
- Chaidh na gnìomhan stèidhichte air saidheans a sgrìobhadh mar cheistean, agus tha mòran dhiubh ag iarraidh ceasnachadh air a stiùireadh leis an sgoilear.** Mar as trice, bidh feum air ceasnachadh practaigeach air choreigin, ged a bhios cuid dhiubh ag iarraidh rannsachadh a' cleachdadh iar-stòran. Rinn sinn cinnteach gu bheil na ceistean a' còmhach dìofar sheòrsaichean ceasnachadh saidheansail, gu sònraichte beachdachadh thar ùine; a' coimhead airson phàtran; a' cur ann am buidhnean, a' seòrsachadh; feuchainn choimeasach, chothromach; agus rannsachadh. Gheibhear tuilleadh a-mach mu cheasnachadh saidheansail ann an *It's not fair – or is it?* (J Turner, B Keogh, S Naylor, L Lawrence, Millgate House Publishers, 2011). 'S dòcha gum bi thu airson ceasnachadh ullachte ro-làimh 's air a stiùireadh leis an tidsear a chur ann, ach chan ann air seo a tha na lìn a' dèanamh fòcas.

